



## A' tilleadh on Mhòd

Cha do chòrd an turas air a' bhus rinn idir oir bha sinn glè sgìth am feasgar ud. Bha sinn a' tilleadh dhachaigh on Mhòd ann an Glaschu. Cha d' fhuair sinn mòran cadail an oidhche roimhe oir bha an cèilidh fada gun sgur agus bha eagal oirnn gun caidleadh sinn a-staigh agus gum falbhadh an trèana às ar n-aonais. Rinn sinn a' chùis agus bu mhath dhuinn gun robh an trèana cofhurtail gu leòr. Ach cha b' ann mar sin a bha am bus. Bha e a' dol cho slaodach – cha b' e an dràibhear bochd bu chuireach idir, ach bha na rathaidean uabhasach trang le càraichean. Uill, mu dheireadh thall, ràinig sinn an cidhe 's bha am bàta an sin, agus sinn a bha toilichte am bàta fhaicinn, ged a bheireadh i trì uairean gu leth gar toirt dhachaigh.



Chaidh sinn air bòrd a' bhàta agus dh'aithnich sinn gun robh am bàta gu math trang. Chaidh sinn suas an staidhre ann an cabhaig ach am faigheadh sinn àite airson suidhe. Stad sinn anns an doras agus sheall sinn timcheall. Bha a h-uile suidheachan làn. Chaidh sinn chun an àite-bìdh 's dùil againn gum faigheadh sinn air suidhe an sin, ach cha d' fhuair sinn seachad air an doras. Bha sreath fhada de dhaoine air romhainn. Dh'fheumadh sinn fuireach agus tighinn gu biadh a-rithist. Ach aig leth uair an dèidh seachd chuala sinn nach robh an còrr bìdh air fhàgail. Ràinig am bàta Steòrnabhagh agus bha sinn sgìth 's leis an acras. Ach bha sinn toilichte a' tighinn dhachaigh oir bha cupa mòr, brèagha againn a fhuair sinn airson seinn.



## A' tilleadh on Mhòd

1. An robh a' chlann toilichte air a' bhus?
2. Carson a bha iad mar sin air a' bhus?
3. Cò às a bha iad a' tighinn?
4. Carson nach do chaidil iad gu math?
5. An robh an trèana na b' fheàrr na am bus?
6. An robh mòran chàraichean air an rathad?
7. Dè cho fada 's a bhiodh iad air a' bhàta?
8. An robh mòran dhaoine air a' bhàta?
9. Carson a stad an t-ùghdar agus a chompanach anns an doras shuas an staidhre?
10. Carson a smaoinich iad gun deigheadh iad gu biadh aig an àm ud?
11. An d' fhuair iad gu am biadh aig an àm ud?
12. Carson a bha sin?
13. An d' fhuair iad biadh idir?
14. Ciamar a bha iad a' faireachdainn a' ruighinn dhachaigh?
15. Carson a dh'fhaodadh cùisean a bhith na bu mhiosa?
16. Dè am Mòd mu dheireadh aig an robh thu fhèin?

